

Tha barrachd fiosrachadh ri fhaotainn bho:

Stiùireadh do phàrant mu foghlaim ann an Alba

www.educationscotland.gov.uk/parentzone

Bileagan phàrantan/luchd-cùraim airson na h-ìre bun-sgoile CfE

www.educationscotland.gov.uk/Images/PrimaryLeaflet_web_tcm4-580239.pdf

Bileag phàrantan/luchd-cùraim eadar ro-bhreith is trì

www.educationscotland.gov.uk/Images/PreBirthtoThreeParentLeaflet_tcm4-674658.pdf

Ionnsachadh fìor mhath ann an Alba

www.educationscotland.gov.uk/resources/g/genericresource_tcm4814173.asp?strReferringChannel=educationscotland&strReferringPageID=tcm:4-713590-64

Faidhlichean firinn is stiùiridhean sgiobalta

www.educationscotland.gov.uk/learningteachingandassessment/partnerships/engagingparents/toolkit/materials/factfiles.asp

Fiosrachadh mu na teisteanasan ùra

www.sqa.org.uk/sqa/59033.html

An Saoghal Obrach

www.skillsdevelopmentscotland.co.uk

Feumalachdan taic shònraichte

www.enquire.org.uk

Urras Foghlaim Rìoghail Na h-Alba

www.rcet.org.uk

Seirbheis Comhairleachaidh Foghlaim Cloinne an MoD (CEAS)

Loidhne-cuideachaidh: 01980 618244

Post-d: enquiries@ceas.uk.com



Is ann agad fhèin a tha an t-eòlas as fheàrr air do leanaibh


Cuidich do leanaibh gus an taic as fheàrr a tha comasach fhaighinn bhon sgoil aca

Is e an sgoil a' chiad àite airson conaltraidh **ann an Alba**.

Cuideachd aig gach ùghdarras ionadail bidh neach ainmichte air am bi uallach airson a bhith a' marasglachadh agus a' toirt taic do fhoghlaim agus do theaghlachan Feachdan an Airm.

Chaidh an leabhran seo a chruthachadh le Oifigear Imeachdan Nàiseanta ADES airson Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba. Chaidh a leasachadh ann an co-obrachadh le Buidheann Obrach Feachdan an Airm ADES de Oifigearan Foghlaim ainmichte, a' riochdachadh ùghdarrasan ionadail agus a' Bhuidheann Co-òrdanaichean Pròiseact Feachdan an Airm ADES de chleachdaichean, air a bheil uallach airson phròiseactan agus obair le taic ionmhais bho maoin foghlaim Ministrealachd an Dìon. Le taic bho phàrantan, seirbheisean taic, com-pàirtichean na treas roinne, Urras Foghlaim Rìoghail na h-Alba agus Foghlam Alba.

Carolyn Nicleòid, Oifigear nan Imeachdan Nàiseanta airson Cloinne is Daoine Òga bho Theaghlachan Feachdan an Airm ann an sgoiltean na h-Alba, e: nationaltransitionofficerades@gmail.com



Photograph courtesy of Malcolm Cochrane

Clann is Daoine Òga bho theaghlachan Feachdan an Airm ann an sgoiltean na h-Alba

Cuidich sinn gus taic a thoirt don chloinn agad anns na sgoiltean againn

Thathas a' misneachadh phàrantan/luchd-cùraim ann am Feachdan an Airm (**Cunbhalach, Cùl-chuideachd is Seann Saighdearan**) gu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an Ceannard Sgoile ann an sgoil an leanabh aca mothachail air suidheachadh na seirbheis aca gus am bi e comasach don sgoil a bhith ag obair ann an com-pàirteachas gus taic fiosraichte a thoirt seachad ma tha agus an uair a bhios feum air.

Carson a tha seo cudromach?

Tha slàinte agus sunnd na cloinne gu lèir mar phrìomh fhòcas aig foghlam ann an Alba. Thathas a' misneachadh sgoilearan gu bhith ag ionnsachadh, a' coillionadh agus ag obair a dh' ionnsaigh a bhith a' toirt an cuid comasan gu buil.

Feumaidh fios a bhith aig sgoiltean gus an toirear seachad taic ann an com-pàirt ri do theaghlach

Bidh clann is daoine òga bho theaghlaichean Feachdan an Airm gu tric a' fiosrachadh mòran atharrachaidhean nam beathan a tha a' ciallachadh gur dòcha gum feum iad taic a bharrachd - eadhon airson beagan ùine - gus an cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri buaidhean nan atharrachaidhean sin.

Dh' fhaodadh gum bi ceangal aig an taic a bheir an sgoil seachad ri:

- ✓ comas-gluasaid
- ✓ cuir a dh' obair
- ✓ amannan dealachaidh mar thoradh air trèanadh, cuir a dh' obair, postadh, pìos-obrach
- ✓ casg air ionnsachaidh air sgàth comas-gluasaid
- ✓ a' gluasad bho aon sgoil gu sgoil eile aig amannan air feadh na bliadhna
- ✓ ìrean àrdaichte imcheist no ionnaidh
- ✓ a' faighinn cleachdte ri coimhearsnachd sgoile ùr
- ✓ a' fàgail charaidean is cho-aoisean
- ✓ a' dèanamh caraidean ùra
- ✓ ag ionnsachadh shiostaman foghlaim ùra, a' chànnain is an t-suidheachadh



Dè a dh' fheumas tu dèanamh?

Is urrainn don sgoil an taic cheart a thoirt dhut agus dha do leanabh mas urrainn dhut innse dhaibh mu ghluasad, mu obair no mu dhleastanas seirbheis cho luath 's a tha comasach.

Dèan conaltradh leantainneach an-còmhnaidh leis an sgoil.

Faodaidh imeachdan buaidh mhòr a thoirt air ionnsachadh agus sunnd na cloinne agus tha e cudromach gum bi làn fhiosrachadh aig pàrantan gus an cuideachadh le bhith a' toirt taic don chloinn aca fhad 's a tha iad a' gluasad gu diofar ìrean ionnsachaidh. Faodaidh imeachdan toirt a-steach gluasad gu bun-sgoil bho ionnsachadh sgoil-àraich, gluasad bho bun-sgoil gu àrd-sgoil, gluasad chun àrd-ìre den Churraicealam airson Sàr-mhathais agus an uair sin ionnsachadh thar-sgoile, trèanadh no obair. **Bheir imeachdan cuideachd a-steach atharrachaidhean sam bith ann an slighe ionnsachaidh sgoilear, mar eisimpleir nuair a ghluaiseas sgoilear gu sgoil eile no nuair a bhios briseadh ann an ionnsachadh.**

(Stiùireadh san Leabhran Sgoile, 2012)

Dè a nì luchd-teagaisg ann an Alba?

Tha Luchd-teagaisg is Oifigearan Foghlaim ann an Alba a' leantainn orra le bhith a' leasachadh agus a' roinneadh an cuid eòlais agus fiosrachaidh ann a bhith a' toirt taic do chloinn is dhaoine òga bho theaghlaichean Feachdan an Airm ann an sgoiltean na h-Alba (Cunbhalach, Cùl-chuideachd is Seann Saighdearan).

Tha eisimpleirean anns na sgoiltean de dheagh chleachdadh a tha a' toirt taic do chloinn is dhaoine òga na seirbheis agus tha iad sin gan roinneadh gu nàiseanta. Tha gealladh ann an *Ga Fhaighinn Ceart airson Teaghlaichean Feachdan an Airm ann an Alba* a tha co-chosmhail ris an fhrèam-obrach foghlaim nàiseanta Ga Fhaighinn Ceart airson Gach Leanabh.

Tha gealladh a thaobh leantainneachd foghlaim fo Chùmhnant Feachdan an Airm, a tha a' feuchainn ri dèanamh cinnteach nach bi clann na seirbheis a' fulang le ana-cothrom mar thoradh air seirbheis am pàrant.



Carson a nì e eadar-dhealachadh cuin a thèid fiosrachadh a thoirt dha na sgoiltean?

Tha a bhith a' toirt seachad taic do chloinn is do dhaoine òga ann an sgoiltean na h-Alba co-chosmhail eadar 's gu bheil no nach eil buill den teaghlach ann an seirbheis Feachdan an Airm. Bidh clann nan cloinn.

Ach, dh' fhaodadh gum bi amannan ann, mar thoradh air eòlasan a tha co-cheangailte ri dreuchd/obair phàrant agus suidheachaidhean teaghlaich far am bi taic fiosraichte nas èifeachdaiche agus nas cuideachaile. **Dh' fhaodadh gum bi na h-eòlasan beatha a tha aig clann bho theaghlaichean Feachdan an Airm eadar-dhealaichte agus sònraichte. Faodaidh sgoiltean a tha eòlach air an seo agus a tha ag obair gu dlùth le pàrantan seirbheis a bhith cuideachail do fhoghlaim na cloinne aca.**

Tha raon farsaing de dh' eòlas aig sgoiltean na h-Alba agus bidh luchd-teagaisg ag obair le pàrantan/luchd-cùraim ann an com-pàirteachas gus a thighinn gu co-dhùnadh mun seòrsa taic as fheàrr a bheirear don leanabh agad agus airson na h-ùine a bhios iomchaidh.

Ciamar a leigeas tu fios don sgoil gu bheil an leanabh agad mar phàirt de theaghlach Feachdan an Airm?

Bidh earrann air foirmichean clàraidh sgoile far an urrainn dhut a chomharrachadh gu bheil an leanabh agad mar phàirt de theaghlach Feachdan an Airm. Le bhith a' toirt seachad an fhiosrachadh seo cuidichidh sin an sgoil le bhith a' toirt taic don leanabh agad mar as fheàrr as urrainn dhaibh.